

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 11 | 2014 | AN T-SAMHAIN

Facal Toisich

Aig deireadh an Lùnasdail chuir am Fear-deasachaidh beagan làithean seachad ann an Tiriodh. Bha an t-side brèagha agus bha e 'na thogail inntinn cothrom fhaighinn cuairt a chur air eilean cho àlainn. Air an t-Sàbaid bha e math a bhith ag adhradh ann an Gàidhlig agus ann am Beurla còmhla ri muinntir an eilein, cuid dhiubh a rugadh ann an Tiriodh, feadhainn eile à àiteachan eile a tha air an dachaigh a dhèanamh air an eilean agus a tha a' toirt taic don eaglais.

Aon rud a tharraingeas aire an neach-turais, 's e na tha de thaighean ann an Tirodh air a bheil an t-aon chruth agus chumadh. Aithnichidh sinn le bhith a' coimhead orra gur e a tha annta taighean air an robh tughadh uaireiginn ach a-nis air an còmhdach le mullach eile. Tha na taighean sin a' coimhead maiseach on taobh a-muigh, a' mhòr-chuid dhiubh air am peantadh geal le mullach dubh.

Am broinn nan taighean tha a h-uile goireas a bhuineas don latha an-diugh a chuireadh mòr-iongnadh air na h-eileanaich a bha a' fuireach annta nuair a chaidh an togail.

Ged a tha iomadh rud ùr anns na togalaichean sin a bha uaireigin 'nan taighean tughaidh, tha na ballachan aca a bha air na seann taighean agus tha iad air an togail air na seann bhunaitean. Nach ann rud-eigin mar sin a tha an Eaglais? Bidh sinn a' cleachdadh ghoireasan ùra airson an Soisgeul a chraobh-sgaoileadh nach robh aig ar n-athraichean. Tha na Sgrìobtaran againn ann an cainnt an latha an-diugh. Ach chan eil na bunaitean air atharrachadh. Tha na ballachan spioradail a tha gar dìon 'nan seasamh mar a bha iad. Tha feum air gràs Dhè airson gun gabh sinn ri rudan ùra a tha buannchdail agus aig an dearbh àm nach cuir sinn cùl ris na rudan a tha bunaiteach agus seasmhach.

**Leis gach deagh dhùrachd dhuibh uile,
Ruairidh MacLeòid.**



Tha eaglaisean brèagha air taobh sear Rois. Tha iomadh eaglais air Ghàidhealtachd air a bheil Cille Mhoire. Seo eaglais Chille Mhoire air taobh sear Rois. Thogadh an eaglais ann an 1798, ged a bha taighean-adhraidh ann roimhe sin. Rinneadh leasachadh air an togalach ann an 1903. (An dealbh le Tormod MacLeòid, Inbhir Nis.)

Cùil nan Ceist

Nuair a bha am Fear-deasachaidh air chuairt ann an Tiriodh 's e an t-sàmhchair bheannaichte aon de na rudan a bha prìseil. Cha bhiodh fuaim ri chluinntinn ach ataireachd na mara no gloc nan giadh no 's dòcha an t-itealan ag èirigh no a' laighe. Thug sinn cuspair dhomh airson nan ceist air a' mhìos seo – fuaimean anns a' Bhìoball.

1. Nì iad gàirdeachas ris an fhuaim seo. (Iob, caibideil 21.)
2. Lìon a' bheàrn: "Bha a ghuth mar thoirm mòran _____." (An Taisbeanadh, caibideil 7.)
3. Dè a dh'fhaodas fuaim neo-chinnteach a thoirt uaipe? (1 Corintianaich, caibideil 14.)
4. Cò a rinn fuaim le ciombalan? (1 Eachdraidh, caibideil 16.)

Seirbheis Ghàidhlig anns an Ros Mhuileach



Chaidh seirbheis Ghàidhlig a chumail ann an Eaglais na h-Alba ann am Bun Easain air an latha mu dheireadh den Lùnasdal. Chaidh a fosgladh leis an Urr. John Collard, ministear na sgìre, a chuir fàilte air a' choitheanal. Chuir e fàilte cuideachd air an Urr. Sean Ankers bhon Eaglais Shaoir a bha air ceann an adhradh.

Chompàirtich cha mhòr trithead duine anns an t-seirbheis, agus fileantaich agus luchd-ionnsachaidh 'nam measg. Sheinn an coitheanal trì sailm le taic bho bhuill Còisir Ghàidhlig Eilean Mhuile. Thaisbein a' chòisir fhèin rann bho Shalm 65,

Tha ann an Sion feitheamh ort moladh, a Dhè, gun dìth; agus chòrd an rian àlainn gu mòr ris an luchd-èisdeachd.

Stèidhich Sean an searmon aige air Isaiah 53:12: *Air an adhbhar sin, roinnidh mi dha cuibhreann maille ris a' mhòran, agus roinnidh e a' chreach maille ris na cumhachdaich; a chionn gun do dhòirt e a-mach a anam gu bàs; agus gu robh e air àireamh am measg nan ciontach; agus ghiùlain e peacadh mhòrain, agus rinn e eadar-ghuidhe airson nan ciontach.*

An dèidh làimh chruinnich a h-uile duine anns an t-seòmair-choinneimh airson cupa tì. Dh'aontaich iad gu robh am fuine mìorbhaileach! Bha e math a bhith a' cluinntinn Gàidhlig a-rithist aig a' chruinneachadh seo.

Bha Sean gu bhith air ais ann am Bun Easan anns an Dàmhair nuair a bhios e a' searmonachadh anns an Eaglais Bhaistich. Tha co-oibreachadh eadar an dà chiotheanal air cùlaibh nan seirbheisean Ghàidhlig seo.

Eleanor NicDhùghaill

Coiseachd Dlùth

*'S e mo mhiann-sa coiseachd dlùth,
Faisg air losa 's e m'fhear-iùil.
Madainn, feasgar, fad na h-ùin':
Sin mo rùn, losa, sin mo rùn.*

*Tha mi lag ach Thusa treun,
losa, glèidh mi anns gach ceum;
Bidh mi riarachd' fad mo rè,
Coiseachd dlùth, cùm mi dlùth riut fhèin.*

*Anns an t-saoghal, mealladh dùil –
Ged a thuit mi chan eil diù,
Cò a chàireas cridhe brùit'?
Cò ach Thu, losa, cò ach Thu?*

*Nuair a chì mi crìoch mo là,
Air a' chorp thig cadal bàis:
Anns an oidhche dhorch' do làmh,
Anns a' mhadainn tràth, 'na do ghràdh.*

A bharrachd air a bhith 'na bhàrd ealanta, bha an t-Urr. Iain MacLeòid, a bha anns an Oban, sgileil ann a bhith ag eadar-theangachadh on Bheurla gu Gàidhlig. Seo mar a chuir e cumadh

Leabhraichean

'S e duine iongantach a bha ann an Erskine Beveridge. A bharrachd air a bhith 'na dhuine beairteach a bha an sàs ann an gnìomhachas air Ghalldachd, sgrìobh e gu fìosrach air cuspairean Gàidhealach. Ann an 1903 dh'fhoillsich e leabhar tomadach air àrceòlas Chola agus Thiriodh, agus ochd bliadhna an dèidh sin thug e a-mach an leabhar ainmeil air Uibhist a Tuath.

A bharrachd air a bhith 'na sgoilear a thaobh eachdraidh agus arceòlas nan eilean, tha e soilleir gu robh Beveridge air leth sgileil leis a' chamara. Tha e coltach gu robh camara 'na chois an còmhnaidh air a thursan. Thàinig an leabhar mòr seo am follais an toisach ann an 2009, agus chaidh a chlà-bhualadh as-ùr am bliadhna. Tha dealbhannan againn an seo a thog Erskine Beveridge air feadh na h-Alba eadar 1880 agus 1919, agus a chaidh a lorg anns na ceudan de phleitichean glaine nas fhaisge air an latha againn fhèin. Tha iad cho soilleir ri dealbh a tharraingeadh tu an-diugh le camara daor.

**Wanderings with a Camera in Scotland
The Photograph of Erskine Beveridge
(Air fhoillseachadh le Royal Commission
on the Ancient and Historical
Monuments of Scotland. £14.99.)**

Ann am mòran de na dealbhannan chì sinn eaglaisean, feadhainn dhiubh a' dol air ais iomadh linn, gun air fhàgail ach na ballachan an-diugh, feadhainn eile far an robh daoine ag adhradh a h-uile Sàbaid ceud bliadhna air ais. 'S e na dealbhannan a thog Beveridge air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan as motha anns am bi ùidh aig leughdairean nan *Duilleag*.

Tha sealladh againn anns an leabhar seo air mar a bha daoine beò bho chionn ceud bliadhna is corr, taighean agus bailtean beaga far nach eil duine a' fuireach an-diugh. Bha Beveridge air a tharraing gu seann togalaichean, dùin air eileanan beaga ann an Uibhist, far an robh oighreachd aige, leacan a chaidh a shnaidheadh gu sgileil linntean air ais, taighean fo thalamh a tha gar toirt air ais na mìltean de bhliadhnachan.

A' coimhead air adhart ri àm na Nollaig bhiodh an leabhar seo 'na thiodhlac air an cuireadh iomadh neach luach.

Gàidhlig air an laoidh, *Just a closer walk with Thee*. Thàinig an dàn seo thugainn à Amaireaga. Tha iomadach seinneadair ainmeil air an laoidh a chur air clàr ann am Beurla, leithid Pat Boone agus Louis Armstrong.

A' Cuimhneachadh nan Gaisgeach



Air a' mhìos seo bidh seirbheisean air an cumail aig carraighean-cuimhne a' chogaidh air feadh na dùthcha. Chì sibh an seo dealbh a chaidh a thogail nuair a bha cuimhneachan a' chogaidh air a choisrigeadh aig a' Chlachan ann an Uibhist a Tuath air an naodhamh latha fichead den Lùnasdal 1923. Sgrìobhte air clàr air a' charragh-chuimhne tha na faclan Gàidhlig, *Mairidh an ainm gu suthain sìor*. Bha daoine an dòchas gum b'è seo an cogadh a chuireadh crìoch air cogadh, ach mo thruaighe gann gu robh fichead bliadhna air a dhol seachad nuair a bha dùthchannan na Roinn Eòrpa a-rithist an sàs ann an coimhstri uamhasach anns an d'fhuair na milleanan bàs. Bho chionn ghoirid chuireadh clàr air a' charragh le ainmeannan nan deichnear Amaireaganach a fhuair bàs nuair a bhuail an t-itealan aca ann am Beinn Lì aig àm an Darna Cogaidh.

Bàrd ri Uchd a' Bhlàir

Aig toiseach a' Cheud Chogaidh ghabh Dòmhnall Dòmhnallach, am bàrd, (Dòmhnall Ruadh Chorùna), ann an rèiseamaid nan Camshronach. Chaidh a chur a-null don Fhraing, agus an 1916 chaidh a dhroch leòn aig an Somme. Thill e a Shasainn agus an dèidh a bhith air aiseag air ais gu tomhas slàinte bhe e air ais anns an Fhraing. Fhuair e air ais a dh'Uibhist a Tuath far an d'fhuair e bàs an an 1967.

Sgrìobh Dòmhnall Ruadh dàin air iomadh cuspair eadar-dhealaichte. Chaidh an t-òran a chur e ri chèile aig àm a' Cheud Chogaidh, *An Eala Bhàn*, a thaghadh mar an t-òran a b'fhearr a rinn bard Gàidhealach.

Thill Dòmhnall as a' Chogadh agus fhuair e sineadh làithean. Chleachd e a thàlant ann a bhith a' comhairleachadh chàich mu shlighe na slàinte. Seo mar a tha e ag innse mar a thàinig atharrachadh air a bheatha fhèin anns an dàn, *Smuaintean 'nam Sheann Aois*:

*Ach dh'fhairich mise 's dhùisgeadh mi
Gu robh mo chùrsa ceàrr;
Sheas mi agus thionndaidh mi
'S bha solas iùil sa bhàgh.
Gu Dia gun deachaidh m'ùrnaigh-sa
Gu dùrachdach an àird
Tron t-seòlaid chumhaing lùbaich seo
Mo stiùireadh sa mhuir-tràigh.*

Ann an dàn a rinn e faisg air deireadh a bheatha, *Bha Dùil agam mus Fhaighinn Bàs*,

*tha am bàrd gu dùrachdach a' toirt comhairle do chàch.
O, ach, fhir a chluinn mo dhàn,
Na fàg e gun a mhìneachadh;
Fiach nach caidil thu air tràigh
Mus tig an làn 's nach till thu e;
Anns an t-samhradh ghrianach bhlàth
Do thaigh na fàg neo-chinnteach e;
Oir thig an stoirm gu garg le fearg,
'S an t-anmoch, 's cha bhì tim agad.*

Gàidhlig Shìmplidh

28 Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Le gràdh sìorraidh ghràdhach mi thu." Tha na faclan sin ann an leabhar

Ieremiah. Tha iad anns an aona caibideil deug thar fhichead, aig an treas rann. (Ieremiah 31:3.) Chunnac Ieremiah iomadatharrachadh 'na bheatha. Bha làithean dorcha aige. Bha amannan eile ann a bha sona. Ach bha aon nì nach robh ag atharrachadh – gràdh Dhè. Bidh gràdh dhaoine a' fàs fuar. Ach chan eil an gràdh a tha Dia a' toirt dhuinne a' fuarachadh. Chuir na deisciobail cùl ri losa. Ach cha tàinig atharrachadh sam bith air a' ghràdh a bha aige dhaibh-san.

28 A' coimhead a-mach air an uinneig chì mi a' ghrian a' deàrsadh gu brèagha. Ach nuair a dhùisg mi anns a'

mhadainn bha ceò againn. Nì sinn gairdeachas nuair a dh'èireas a' ghrian. Sgapaiddh a' ghrian an ceò. Tha sinn a' leughadh mu "ghrian na fireantachd air èirigh le slàinte 'na sgiathan." Tha an salmadair ag ràdh gu bheil Dia mar a' ghrian don chreidmheach. Bha mìos na Sultain tlachdmhor agus grianach ann an iomadh àite air feadh Alba. Bheir a' ghrian dhuinn solas agus blàths agus slàinte. Sin mar a tha Dia don duine a chuireas a dhòchas ann.

28 Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Na sir is na seachain an cath." (Do not seek nor shun the fight.) Cha robh

Breatann ag iarraidh a bhith a' cogadh an aghaidh rìoghachdan eile anns a' Cheud Chogadh no anns an Darna Cogadh. Ach nuair a thàinig cogadh, b'fheudar seasamh an aghaidh an nàmhaid. An-diugh tha cumhachdan dorcha anns an t-saoghal. Ged nach eil cogadh taitneach, feumaidh sinn seasamh an aghaidh cumhachdan an uilc. Tha sinn ag ùrnaigh gum faigh an solas buaidh air an dorchadas. Tha gràdh nas treise na fuath agus oic.

28 Dè na leabhraichean as fheàrr leibh-se? Tha daoine ann agus is toigh leotha a bhith a' leughadh leabhar

sgeulachdan. Tha feadhainn eile ann agus 's e leabhraichean a tha ag innse mu a bhith a' siubhal as fheàrr leo. Is toigh leamsa a bhith a' leughadh leabhraichean eachdraidh. Tha iomadh leasan ann a dh'ionnsaicheas sinn o eachdraidh. Glè thric chan eil rìoghachdan an t-saoghail a' foghlam nan leasan a tha eachdraidh a' teagasg dhuinn. Nì iad na mearachdan a rinn ar sinnsirean.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

DEANAMAID ADHRADH

Air a' cheud Sàbaid den t-Samhain cluinnidh sinn Iain Eairisdidh Mac a' Mhaoilein air *Dèanamaid Adhradh*. Air an darna Sàbaid bidh seirbheis shònraichte ann airson Didòmhnaich Cuimneachaidh. Bidh Dòmhnall Iain Moireasdan on Eaglais Shaoir Leantainnich air ceann an adhradh air an treas Sàbaid. Air an t-Sàbaid mu dheireadh 's e an t-Urr. Calum Iain MacLeòid, o Eaglais Shaor a' Bhac, a bhios 'na fhear-labhairt.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist mu fhuaimean eadar-dhealaichte anns a' Bhioball. 1. Fuaim an orgain 2. uisgeachan." 3. An trompaid 4. Asaph.

AN T-URR. GREUM LONGMUIR

Bha bròn air a chàirdean air feadh na Gàidhealtachd nuair a chualas an naidheachd gun do chaochail an t-Urr. Greum Longmuir a bha 'na mhinistear ann an Inbhir Uraidh. Bu toigh leis na h-eileanan agus bha e tric air chuairt ann an Uibhist-a-Tuath far an robh taigh aige. Rinn e seirbheis don Eaglais ann an Sasainn agus ann an Alba agus bha e an sàs ann an leabhraichean laoidhean agus leabhraichean le ordagh sheirbhisean. Bha e freagarrach gun do chumadh seirbheis chuimhneachain air a shon ann an eaglais Chàirinis ann an Uibhist.



Seo an taigh mòr a thog Erskine Beveridge air eilean Bhàlaigh nuair a bha oighreachd aige ann an Uibhist a Tuath. 'S e taigh eireachdail a bha ann 'na latha, ged nach eil e ach ann an droch shuidheachadh an-diugh. Bhiodh e math nam biodh leasachadh air a dhèanamh air. Anns an naodhamh linn deug bha ministear Uibhist a Tuath, an t-Urr. Fionnlagh MacRath, a' fuireach ann am Bhàlaigh. Uuaireannan bhiodh aige ris an searmon a ghiorrachadh ma bha aige ri siubhal eadar eaglais Chille Mhoire agus Bhàlaigh agus an làn a' tighinn a-steach.

RANN

*Le connspoid is le an-iochd borb
Cha bhuairear linn nan gràs;
Gu speal is coltar iompaichear
Gach claidheamh 's inneal bàis.*

Seo rann às an laoidh air a stèidheachadh air Isaiah 2:2-5, far a bheil am fàidh a' coimhead air adhart ri linn anns am bi Dia a' rìoghachadh. Thig sith mhaireannach agus cuiridh an cinne-daonna cùl ri cogadh agus innealan cogaidh.

AN LEABHAR MOR

Nuair a bha sinn a' deasachadh nan *Duilleag* an turas seo fhuair sinn leth-bhreac den leabhar ùr, *The Great Book of Skye*, air a dheasachadh le Tormod Dòmhnallach agus Cailean Macilleathain. 'S e leabhar mòr a tha ann fo iomadh sealladh, agus bidh sinn a' toirt beachd air ann an iris na Dùbhlachd.

ADHBHAR GAIRE

Anns an latha a tha ann cha bhi e an còmhnaidh furasta cuideigin fhaighinn a chluicheadh an t-organ ann an eaglais. Mar sin bidh innealan aca a chluicheadh na fuinn. Bliadhnan mòra air ais bha inneal den t-seòrsa sin ann an eaglais air a' Ghàidhealtachd. Cha robh an dòigh ùr a' còrdadh ris a' mhinistear, gu h-àraidh nuair a chluicheadh an innleachd còig rainn nuair nach robh ach ceithir anns an leabhar. Thubhairt am ministear, "Chan eil e gu diofar cia meud rann a tha anns an leabhar, cumaibh a' seinn gus an sguir an t-inneal mallaichte sin."

Urnaigh

A Dhè na sìthe,
ar cobhair agus cùl-taic ri àm cogaidh,
air a' mhios seo agus sinn a' cumail cuimhne
air na thuit anns a' bhlàr o àm a' Cheud Chogaidh,
dean taingeil sinn airson ar beannachdan.
Ann an saoghal aimhriteach
tha sinn gad mholadh airson beannachdan na sìthe
anns an rìoghachd againn.
Nar n-ùrnaighean tha sinn a' cuimhneachadh
air àiteachan air feadh an t-saoghail
far a bheil connspoidean a' dèanamh sgrios.
Beannaich saothair luchd-dèanamh na sìthe.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Sealladh air an robh daoine
a bhiodh a' siubhal air an aiseag eadar tìr-mòr na h-Alba
agus an t-Eilean Sgitheanach glè eòlach.
An seo chì sibh An Caisteal Maol
ann an Caol Acainn, gar toirt air ais
ann an eachdraidh gu linn ar sinnsirean.